

A' cunntadh Chaorach

Cò ris a tha suideachadh nan caorach coltach ann an siorrachdan croitearachd?

Tha am pròiseact seo ag amas air àireamh nan caorach a chlàradh anns na sgìrean croitearachd mun cuairt sgoiltean Ceanglaichean Croitearachd. Le taic bhuat fhèin, gheibh sinn fiosrachadh air **clobaireachd** anns na sgìrean croitearachd, air croitean, agus air tuathanasan no oighreachdan, a' cleachdadadh an fhiosrachaидh a leanas.

Cuideachd, tro na h-ealain chruthachail, – tarraing dhealbhan, peantadh, collage, togail dhealbhan, filmeadh, òrain, sgeulachdan, bàrdachd (gu tur ùr no air a chruinneachadh, a' gabhail a-steach cànan ionadail agus dualchainnt), nì sinn taisbeanadh dha-rìribh, agus air-loidhne, a chomharraicheas eachdraidh, cultar agus sgilean chroitearan agus chìobairean air a' Ghàidhealtachd.




Càite?

Tagh an t-àite air am bi thu a' coimhead:

An e a' chroit no an tuathanas ri taobh na sgoile a bhios ann, no an sgìre chroitearachd ionadail no an **cùl-chinn** ionadail?

A bheil an sgoil agad ann an sgìre fa leth – air eilean no air rubha – no an dèan thu obair còmhla ri sgoiltean eile san àite gus dealbh nas mothach a chur ri chèile?



An urrainn dhut mapa ullachadh dhen àite far an dèan thu an cunntadh?



Ciamar?

Bidh thu a' taghadh ciamar a nì thu an cunntadh:



'S ann as t-samhradh, às dèidh àm breith nan uan, a tha an t-àm as fheàrr airson caoraich a chunntadh. Cia mheud **othaisg, reithe** agus **uan?** An coimhead thu thairis air geata, a' cunntadh na chì thu? Am faighnich thu dhan chroitear, dhan tuathanach no do **chlàrc a' chùl-chinn?** Dè na faclan ionadail a thathas a' cleachdadh airson caoraich bhoireann agus fhireann aig gach aois? An obraich thu a-mach na fhuair an croitear de dh'uain **shingilte, càraidean** no trì uain? An gabh obair a dhèanamh ann am matamataig air ceudachd?



Dè an gnè?


Inns dhuinn dè an **gnè** no dè na gnèithean a tha anns an **treud**. An e gnèithean dùthchasach a th' annta no fiù 's gnèithean tearc, no gnèithean airson malairt? An e **tar-bhriodan** a th' annta?

*Carson a bhios caoraich
air an tar-bhriodadh?*



Dè am biadh?

Càit am bi na caoraich a' feurach as t-samhradh agus anns a' gheamhradh? Am bi iad a' gluasad bhon mhonadh gu talamh iosal anns a' gheamhradh no gu eileanan beaga as t-samhradh? Am bi iad a' faighinn biadh sam bith a bharrachd? A bheil daithhead shònraichte aca? Am bi iad ag ithe feamainn no fraoch?



Trusadh

Ciamar a bhios an **cìobair** no an croitear a' gluasad nan caorach?
Am bi e/i a' cleachdadadh cù, cuad-baidhc, bucaid le biadh, no am bi e/i ag
obair còmhla ri nàbaidhean?
Am bi iad gan gluasad ann an trèilear, no ann am bàta?
Cò ris a tha **an fhaing** no an **crò-chaorach** coltach nad sgire?



Ciamar a tha bliadhna nan caorach anns an sgìre agad?

Cuin a bhios iad a' dèanamh sgrùdadh le ultrasound? **Àm breith nan uan?**
Cuin a bhios iad **a' dòsadh?** A' **rùsgadh?** Cuin a bhios iad a' ceannach agus
a' reic nan caorach?
An urrainn dhut mìosachan a dhèanamh a tha a' sealltainn obair nan
croitearan agus nan cìobairean a tha a' togail nan caorach a chunnt thu?




Dè an cànan ciòbairreachd a th' anns an sgìre agad?

Tha tàrr fhaclan diofraichte ann an Gàidhlig, Albais agus dualchainntean mu thuath airson aoisean nan caorach, feadhainn fhireann agus bhoireann, agus cuideachd airson gach obair a tha aig ciobair ri dhèanamh.

An dèan thu liosta de na faclan a dh'ionnsaich thu?

*An triùir nach fuiling an cniodachadh,
Seann bhean, cearc, agus caora.*






Rudan a Gheibh Thu:



Dè na rudan a gheibh thu bho na caoraich a chunnt thu?

Feòil-uain no feòil-chaorach? Cuin a tha an sèasan ùr a' tòiseachadh airson an t-seòrsa seo? Càit a bheil a' bhùidsearachd a' tachairt? Am bi iad a' dèanamh taigeis, feòil rèiste (reestit mutton) no hama chaorach? Càit a bheil iad a' reic nan rudan seo? Dè mu chaoraich a ghabhas **bleoghan**? Chan eil mòran chaorach a ghabhas bleoghan ann an Alba a-nis, ach b' àbhaist dhaibh a bhith cudromach do chroitearan. Dè mu dheidhinn nan **rùsg**? Cò bhios a' rùsgadh nan caorach? A bheil sniomhadairean ionadail a' cleachdadhbh **na clòimhe**? Am bi iad a' dol gu Bòrd Margaideachd na Clòimhe? Dè ghabhas dèanamh leis a' chlòimh? Fighe, clò-mòr, brat-ùrlair, dòn-chòmhdaidh, no eadhon marbhadh sheilcheagan? [Faic an liosta againn, "Goireasan agus Uidheaman" airson cuideachadh]

Leig fios thugainn ma tha no ma bhios tu a' dèanamh pròiseact air clòimh.



Beag-fhaclair

a' dòsadh	dosing
a' feurach	grazing
a' rùsgadh	shearing
a' trusadh	gathering
àm breith nan uan	lambing time
bleoghan	milking
bùidsearachd	butchering
caora	ewe
càraid	twins
cìobair	shepherd
cìobaireachd	shepherding
clàrc a' chùl-chinn	grazings clerk
clòimh	wool
crò-chaorach	sheepfold
cùl-cinn	common grazing
dòn-chomhdach	insulation
faing	fank
feòil-chaorach	mutton
feòil-uain	lamb (meat)
flock	treud
gnè	breed
reithe	ram
rùsg	fleece
tar-bhriodadh	cross-breeding
tar-bhriodan	cross-breeds
trì uain	triplets
uain shingilte	single lambs
uan	lamb